





THE
ENGINE SHED
AN SEADA EINNSEIN

SCOTLAND'S BUILDING CONSERVATION CENTRE

CAISTEAL SHRUIGHLEA

GOBHA



RÈILEAN

CAGAILT

CAISTEAL SHRUIGHLEA



Cò dha a bha Caisteal Shruighlea?

Tha Caisteal Shruighlea a' suidhe air muin seann bholcàno os cionn baile Shruighlea is an Abhainn Foirthe. Tha caisteal air a bhith air an làrach seo bho chionn na 1200an. Bha e uair dachaidh do theaghlach rioghail na h-Alba, ach bha e cuideachd na cleachdadh airson diofar adhbharan cuideachd, mar ghearrastan dìon mhòr aig àm chogaidh neo-eisimileachd na h-Alba agus mar lùchairt airson tlachd is spòrs tro Linn an ath-bheòthachaidh.

Tha an caisteal a chithear an-diugh air a dhèanamh a-mach à diofar thoglaichean cloiche a chaidh a chuir ris thar iomadh bhliadhna leis na daoine a bha a' fuireach ann. Chaidh na toglaichean drùidhteach mar an Lùchairt Rìoghail, An Caibeal Rìoghail agus an Talla Mòr air a thogail airson rìghrean a' chaisteil eadar na 1400n agus na 1500n.

Sgilean Traidiseanta agus Stuthan aig Caisteal Shruighlea

Tha sgilean traidiseanta agus stuthan fhathast gan cleachdadh aig Caisteal Shruighlea airson dìon is glèidh a chumail ris an togalach. Chaidh rèilichean ùra spaideil a dhèanamh le gobha le bhith a' cur stàilinn fo theas ann an cagailt gus an robh e dearg theth. An uair sin buailidh an gobha air a' mheatailt le òrd is le sgil mhìorbhaileach air an inneach airson cruth a thoirt air.

Tha an dath geal-bhuidhe a chithear air ballaichean an talla mhòir a' tighinn bho uisge-aoil a tha na clachairean a' cleachdadh airson dìon a chuir air na clachan. 'S e 'Òr an Rìgh' ainm an dath seo, agus chaidh an lorg a' rithist le luchd-ghlèidhteachais nuair a bha iad a' dèanamh obair air an talla mhòr. Tha sinn a' cumail ris an seann dòighean peantaidh seo los gu bheil e a' sealltainn mar a bhiodh an talla coltach nuair a bha rìghrean na h-Alba an còmhnaidh aig Caisteal Shruighlea.

An Seada Einnsean

Tha an Seada Einnsean, stèidhichte ann an Sruighlea, an aona ionaid ann an Alba a tha a' sònrachadh air ghlèidhteachais dualchas thogte. Tha e fo stiùir Àrainneachd Eachdraidheil Alba, am prìomh bhuidheann leis an uallach airson rùrachadh, dìon, agus a' brosnachadh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba. Tha sinn moiteil às an dualchas againn, agus tha prògram foghlam ann an coimhearsnachdan leis an amas spionnadh a thoirt do dhaoine de gach aois. Tha sinn an dòchas gun còrd an goireas seo dhuibh! Ma tha molaidhean agaibh air ar son, cuiribh brath thugainn aig technicaleducation@hes.scot.